

MISE

ĀS1:2

... AGUS MO SHAOGHAL NĀDARRA
TĀR-SGRĪOBHAIDHEAN



MISE:SI:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

1. Croitearachd – Obair 1 – td 4
Earrann A
Earrann B
Earrann C
8. A' Chraobh-iubhair – Obair 1 – td 25
11. Air a' Chladach – Obair 1 – td 30
14. Greta Thunberg – Obair 1 – td 36

MISE: S1:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

1. Croitearachd - Obair 1 - td 4

Earrann A

Hallò, 's mise Sìne Niclleathain 's mi an seo ann an Leòdhas a' bruidhinn ri Murchadh MacIomhair a tha na chroitear. Hallò, a Mhurchaidh. Am mìnich thu dhuinn beagan mu chroitearachd?

Uill, a Shìne, 's e dòigh àiteachais a th' ann an croitearachd far a bheil sealbh air an fhearann leis na daoine a tha a' fuireach agus ag obair air, ged a tha an talamh fhèin na phàirt de oighreachd.

Thàinig croitearachd gu buil às dèidh nam fuadaichean, gus nach biodh cead aig na h-uachdarain daoine a chur far an fhearainn tuilleadh. Chan eil cead aig an uachdaran gnothach a ghabhail ris an obair agam. Tha còraichean agam air an fhearann fhad 's a bhios mi a' pàigheadh màl agus ga obrachadh. Tha suidheachadh a' chroiteir diofraichte on t-suidheachadh aig tuathanaich a chionn 's nach eil na h-aon chòraichean acasan fon lagh. Faodaidh na h-uachdarain cuid de thuathanaich a chur far an fhearainn aca.

MISE: S1:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

Earrann B

An robh thu riamh an sàs ann an croitearachd?

Bha mo theaghlach riamh a' fuireach air an fhearann seo agus bha mo sheanair 's mo shinn-seanair ag obrachadh na talmhainn nuair a bha iad beò. Nuair a chaochail mo sheanair, 's e m' uncail Calum Iain a bha ga obrachadh, ach nuair a dh'fhàs e ro shean is a ghluais e a Steòrnabhagh, ghabh mi os làimh a' chroit agus tha i air a bhith agam o chionn fichead bliadhna a-nis.

Tha sin glè inntinneach. Dè an seòrsa obair a tha an lùib croitearachd?

'S e obair chruaidh a th' ann gun teagamh, gu h-àraidh nuair a tha an t-sìde robach agus sinn ag obair a-muigh. Bidh mi air mo chois tràth a' biathadh nam beathaichean agus an uair sin, bidh mi a' gabhail cuairt timcheall na croit gus am faic mi a bheil obair càraidh a dhìth air toglaichean no feansaichean. Anns na seann làithean, bhiodh barrachd dhaoine a' cumail crodh agus a' cur bàrr, ach a-nis, bidh a' mhòr-chuid ag obair le caoraich a-mhàin agus a' cur buntàta.

Is cinnteach gu bheil làithean ann ge-tà nuair nach fhaigh thu air obair a dhèanamh a-muigh idir?

Gu dearbh! Uaireannan, feumaidh mi obair a dhèanamh a-staigh anns a' bhàthaich agam. Bidh mi a' càradh an t-seann tractair agus a' sgioblachadh stuthan eile. 'S e cothrom math a th' ann beagan obair rianachd a dhèanamh.

MISE: S1:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

Earrann C

A bheil mòran airgid ann an croitearachd?

Chan eil idir! Tha a' mhòr-chuid de chroitean beag, agus mar sin feumaidh croitear obair eile a bhith aca. Bidh mo bhean ag obair mar thidsear bun-sgoile agus bidh mise a' dèanamh feansadh. Bidh mo charaid Dòmhnall Ailig ag obair don chomhairle agus tha Calum Iain an ath-dhoras a' trèanadh choin-chaorach gus teachd-a-steach eile fhaighinn.

A bheil dad ann nach eil a' còrdadh riut mu croitearachd?

Tha trioblaidean ann le daoine a' reic chroitean air prìsean àrd a tha mì-reusanta do dhuine òg sam bith a tha ag iarraidh tòiseachadh air an dòigh-beatha seo. Cuideachd, tha mòran ann agus fhoirmichean tha a' toirt ùine gun chiall gan lìonadh, ach tha mo bhean glè chuideachail leis an taobh sin.

A bheil ùidh aig a' chòrr den teaghlach ann an croitearachd?

Gu mì-fhortanach, chan eil cus ùidh aig mo dhithis mhac ann an croitearachd, ach tha an 'duin' aig an nighinn agam dèidheil air obair le beathaichean agus mar sin, 's dòcha gum fàg mi a' chroit acasan, ged tha mi an dòchas gu bheil iomadh bliadhna eile agam fhathast! Tha e duilich nach eil sgilean obrach croitearachd aig a h-uile duine an-diugh, agus mar sin tha e cudromach gum bi cothroman trèanaidh ann do sgoilearan san àrd-sgoil mu dheidhinn mar a bhios iad a' làimhseachadh bheathaichean is eile.

MISE: S1:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

8. A' Chraobh-iubhair - Obair 1 - td 25

Tha clachan beag Fhartairchill ann an Siorrachd Pheairt ann am meadhan sgìre a tha loma-làn eachdraidh. Tha e suidhichte aig beul Ghleann Lìomhainn, 's tha daoine air a bhith a' fuireach an sin o chionn nam mìltean de bhliadhnaichean.

'S ann ann an Gleann Lìomhainn a bha Clann Ghriogair a' còmhnaidh agus bhiodh Rob Ruadh MacGriogair a' goid crodh agus a' sabaid an aghaidh a nàimhdean anns a' ghleann "as fhaide, as aonranaiche agus as àille ann an Alba" mar a thuirt an Ridire Walter Scott.

Ach fada roimhe sin, bha daoine a' fuireach ann tro linn na h-umha nuair a thog iad Càrn nam Marbh a tha fhathast ri fhaicinn sa bhaile an-diugh. Thàinig na Ròmanaich dhan sgìre cuideachd agus tha cuid ag ràdh gun do rugadh Pontius Pilate ann, agus nuair a thàinig Crìosdaidheachd a dh'Alba, gun robh an naomh Adomnan, a sgrìobh mu bheatha Chalum Cille, ag obair anns a' ghleann.

Fhad 's a bha na daoine seo a' tighinn beò agus a' faighinn bàs, bha iad ga dhèanamh fo sgàil an rud as fhaide beò air an t-saoghal - lubhar Fhartairchill - craobh mhòr a tha ga meas a bhith co-dhiù còig mìle bliadhna a dh'aois agus 's dòcha fada nas sine na sin.

'S e craobh ionmholt a tha anns an iubhar - bidh e beò fad bhliadhnaichean agus ma bhios geug o iubhar a' beantainn ris an talamh, cuiridh e gasan ùra. Leis a sin, thathar den bheachd nach fhaigh an t-lubhar bàs idir agus tha grunn math fhar-ainmean air - a' Chraobh Bhuan, a' Chraobh as Sìor-uaine, Craobh na h-Ath-bhreith.

Chan eil e na iongnadh gun robh daoine a' tighinn a dh'fhuireach dhan sgìre - bha na Pàganaich agus na Crìosdaidhean le chèile a' faicinn an iubhair mar chraobh naomh agus tha an t-lubhar tric ri fhaicinn ann an cladh eaglais.

Chan eil fhios le cinnt dè cho aosta 's a tha an t-lubhar ann am Fhartairchill - aig aon àm, chaidh a mheas gun robh cearcall-thomhas sia meatairean deug anns a' chrann aige, ach gu nàdarrach tha an crann seo air crìonadh, agus tha a-nise coltas air an iubhar gu bheil e dèante à diofar ghasan ùra.

Cha do chuir muinntir na sgìre dìon ro mhath air an lubhar. Bhiodh iad a' gearradh phìosan dheth airson tiodhlacan, leithid chupannan, a dhèanamh. Cuideachd bhiodh òigridh na sgìre a' cur teine anns na freumhan aige airson a' Bhealltainn a chomharrachadh, agus nuair a bhiodh tiodhlacadh ann, bhiodh a' chiste air a giùlan tro bhogha a bha air nochdadh anns a' chrann.

MISE: S1:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

Thug seo uile buaidh air an iubhar ach tha e fhathast a' fàs gu làidir. Thogadh balla timcheall air anns an naoidheamh linn deug agus tha seo air cuideachadh le gleidheadh na craoibhe agus tha am balla fhathast na sheasamh an-diugh.

Thèid fàilte a chur air daoine a thadhaileas air a' chraoibh le staran de leacan le ìomhaighean is faclan a tha ag innse mu na rudan mòra ann an eachdraidh a thachair fhad 's a bha an t-iubhar a' fàs anns an sgìre àlainn seo.

MISE:51:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

11. Air a' Chladach – Obair 1 - td 30

Bha an taigh aig Iain air cnoc beag ri taobh a' chladaich. B' e iasgair a bha ann an athair Iain agus bhiodh Iain gu tric air a' chladach a' cuideachadh athar. Bha athair Iain aig muir an-dràsta, ach thigeadh e dhachaigh le iasg airson a reic ri muinntir a' bhaile.

An-diugh, bha an latha blàth grianach agus ghabh Iain cuairt air a' chladach. Bha e a' lorg maorach airson a dhol a dh'iasgach air a' chreagach feasgar. Nuair a bha am peile aige làn, shuidh e air creag a' coimhead a-mach gu muir. Chunnaic e rudeigin a' seòladh air a' mhuir agus chaidh e a choimhead dè bha ann. Is e pìos maide a bha ann agus bha pìos aodaich ceangailte ris. "Saoil cò leis a tha siud?" ars Iain ris fhèin. "'S dòcha gu bheil cuideigin ag iarraidh cobhair. "Ruith Iain dhachaigh agus sheall e an t-aodach do a mhàthair. "Feumaidh sinn fios a chur air a' mhaor-chladaich!" ars esan.

Rinn a mhàthair gàire. "Chan eil an sin ach pìos de dhreasa Anna," ars ise. "Rinn mi teine air a' chladach aon latha agus dh'fhalbh am pìos seo leis a' ghaoith." "Uill, uill, thèid mi air ais don chladach. Bidh naidheachd èibhinn agam dha m' athair a-màireach," ars Iain.

MISE:SI:2

TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

14. Greta Thunberg – Obair 1 - td 36

Thòisich Greta Thunberg Stailc Sgoile airson na Gnàth-shìde no Skolstreck för klimatet anns an t-Suain ann an 2018. Sguir i a dhol dhan sgoil airson trì seachdainean ri linn teas uabhasach agus teinntean fiadhaich anns an dùthaich Lochlannaich. Cha robh i ach 15 aig an àm, ach thòisich na stailcean aice a' tarraing aire a' mhòr-shluaigh agus sgap na stailcean air feadh an t-saoghail on uair sin.

Tha Greta air brosnachadh is spionnadh a thoirt do dh'iomadh neach òg air feadh an t-saoghail a leithid eile a dhèanamh anns na sgìrean aca fhèin. Ann an Alba, bha clann-sgoile a' diùtadh a dhol dhan sgoil air feadh na dùthcha, a' togail fianais ann an Glaschu agus Dùn Èideann, ach cuideachd ann an Sealtainn agus anns na h-Eileanan an Iar.

Bha cuid ann a bha an aghaidh nan stailcean. Thuirt iad gum bu chòir don chloinn a bhith anns an sgoil oir tha foghlam sgoile deatamach airson adhartas a dhèanamh nam beatha. 'S e am freagairt a th' aig Greta agus a caraidean nach eil feum ann a bhith a' dèanamh adhartas ann am foghlam mura bi saoghal ceart ann san àm ri teachd.

Chan eil Greta fhèin a' faighinn às gun chàineadh o dhaoine. Tha na beachdan làidir aice ag adhbhrachadh gu bheil mòran dhaoine a' fàs feargach, ach glè thric chan eil na daoine seo ga càineadh airson nam beachdan fhèin, ach dìreach airson a bhith òg, no autistic, no na boireannach. Chan eil Greta diùid ann a bhith a' toirt freagairt dhaibh agus a' soilleireachadh cho ceàrr 's a tha iad, agus iomadh uair tha i air Twitter a chleachdadh airson magadh a dhèanamh air an luchd-càinidh aice.

'S e boireannach treun a th' ann an Greta, agus tha i a' leantainn oirre le a h-iomairt. Anns an òraid a thug i dha na Dùthchannan Aonaichte ann an 2018, thuirt i gum bu chòir nàire a bhith air ceannardan an t-saoghail airson na staid san robh an àrainneachd air an t-saoghal.

Tha i a' feuchainn ri bhith cho fìor anns an teachdaireachd aice 's as urrainn dhi. Nuair a chaidh i gu co-labhairt anns na Stàitean Aonaichte, sheòl i ann bhon Roinn Eòrpa ann am bàta, seach itealan a ghabhail, gus an làrach carbon aice a lùghdachadh.

Tha Greta na gaisgeach do mhòran air feadh an t-saoghail agus tha i cuideachd na h-eisimpleir math air mar as urrainn do dh'aon neach, ge b' e dè an aois a tha iad, diofar mòr a dhèanamh.